



Sùil Sgiobalta			
Diciadain 28 Sultain		Diardaoin 29 Sultain	
Seisean 1 (Madainn)	Seisean 2 (Feasgar)	Seisean 3 (Madainn)	Seisean 4 (Feasgar)
Làn-bhogadh	Saidheans	STEM	STEM
Fonaigs Gu Bràth	Lasadh	Lasadh	Saidheans
A' Teagasg Ceòl	An Dàrna Cogaidh	An Dàrna Cogaidh	Fonaigs Gu Bràth
ASN*	Ionnsachadh co-obrachail*	A' Teagasg Ceòl	PE
Ceitidh, Guth Coimpiutair Gàidhlig*	Ceitidh, Guth Coimpiutair Gàidhlig*	Ionnsachadh co-obrachail*	ASN*
Comas air Obair agus Sgilean* (Foghlam Alba)	Am Frèam Leasachaidh Nàiseanta* (Foghlam Alba)		

\*Co-bhùth-obrach còmhla ri luchd-teagaisg àrd-sgoile

## 1. Lasadh: A' cleachdadh stuthan practaigeach air-loidhne/làrach-lìn cànan ùr

Gwen Culbertson agus Màiri NicDhòmhnaill

Sùil air làrach-lìn ùr litearrachd airson ìrean bun-sgoile. Cothrom cluich leis, rannsachadh air, agus ceistean a chur air Màiri is Gwen.

## 2. Pròiseact an Dàrna Cogaidh (P4-7 agus far a bheil aonadan ann le P1-7)

Jayne NicAsgaill

Chaidh goireas eadar-chuspaireil a chruthachadh air-loidhne a bheir taic do luchd-teagaisg an cuspair seo a lìbrigeadh le clasaichean 4-7 sa bhun-sgoil.

Tha planaichean agus goireasan feumail ann a tha a' ceangal ris na cuspairean a leanas – Aig an Dachaigh, Fògradh Chloinne, Anne Frank, Am Blitz, Prìosanaich Cogaidh agus Obair nam Mnathan. Gheibh luchd-frithealaidh cothrom sealltainn ris an làrach, beachdachadh air na stuthan agus cuid de na gnìomhan fheuchainn dhaibh fèin.

### 3. Fonaigs Gu Bràth (Bun-sgoil – Tràth Ìrean)

#### Anna Glennie agus Jayne NicAsgaill

Tha Fonaigs Gu Bràth a' toirt sùil air an dòigh as èifeachdaiche air clann ionnsachadh air leughadh, stèidhichte air rannsachadh ann am foghlam an-dràsta agus air a' mhodh teagaisg as ùire, seach ge bith dè an 'sgeama' a tha sa phreasa! Sa bhùth-obrach bheothail, inntinneach seo, bidh sinn:

- A' bruidhinn air mar a ghabhas Còd na h-Aibideil a theagasg agus a dhèanamh brìoghmhor do dh'oileanaich – ann am Beurla 's ann an Gàidhlig
- A' coimhead air an rannsachadh a tha a' dol an-dràsta agus a' toirt iomradh air sàr chleachdadh tro Phrionnsapalan nam Fonaigs Cho-thàthte Eagarach
- A' toirt sùil air sàr mhodh-obrach ann an teagasg leughaidh, sgrìobhaidh agus litreachaidh, agus cuideachd air prìomh mhodh-obrach agus air cleachdadh nan sgilean
- A' toirt comhairle, obair agus goireasan gus taic a chur ri teagasg agus measadh leantainneach, agus mar a bhrosnaichear oileanaich agus pàrantan sa phròiseas seo

Bheir Fonaigs Gu Bràth an t-eòlas teagaisg, na sgilean agus na goireasan a tha a dhìth do thidsearan gus gun soirbhich leis a' chloinn gu lèir a tha an urra riutha ann an leughadh.

Ma tha thu a' lorg eadar-theachd stèidhichte air fianais gus am beàrn coileanaidh san sgoil agad a dhùnadh, dèan cinnteach nach caill thu a' bhùth-obrach seo.

### 4. Obair PE sa bhun-sgoil

#### Megan NicChoinnich

Anns a' bhùth-obrach seo, gheibh thu cothrom eòlas a chur air obair agus geamannan PE airson gach ìre sa bhun-sgoil.

Coimheadaidh sinn air na goireasan PE a th' ann agus gheibh thu fiosrachadh air mar a chuireas tu air dòigh seata leasanan agus plana bliadhail PE.

### 5. A' teagasg ceòl sa bhun-sgoil

#### Kirsteen Ghreumach

Òrain agus geamaichean dhan fheadhainn òga (Sgoil-àraich – P1/2), òrain agus òrain gnìomh do P3 – 5, agus òrain agus òrain gnìomh airson pròiseactan P4 – 7.

### 6. Saidheans sa bhun-sgoil

#### Catriona Chaimbeul agus Anna NicArtair

Sa bhùth-obrach seo chì sinn mar a ghabhas prògram leantainneach dhan sgoil gu lèir a chruthachadh airson Saidheans gus an fheum as fheàrr a dhèanamh den ùine air a chomharrachadh dhan chuspair sa bhun-sgoil.

Chithear obair phractaigeach, planaichean, ro-innleachdan 's deuchainnean a ghabhas a chleachdadh.

## 7. STEM

Ailean Smithyman, Catriona Gilchrist, Cairistiona NicLeòid,  
Judy NicDhonnchaidh, Phil McKnight

Tha a' bhùth-obrach seo ag amas air taic a chur ri cuspairean STEM sa bhun-sgoil. Gheibh sibh fiosrachadh bho eòlaichean agus luchd-foghlaim air na buannachdan a tha an lùib sgilean STEM a leasachadh agus air mar a dh'fhaodas sgoiltean clubaichean STEM a chur air dòigh.

Cuideachd, thèid iomradh a thoirt air leasachaidhean nàiseanta ann am foghlam Teicneòlais agus cluinnear mu phròiseact inntinneach a thathas a' cur air bhog gus STEM a thoirt air adhart sa Ghàidhlig tron iomairt ùr, e-Sgoil.

## 8. Làn-bhogadh

Màiri Sìne Clarke agus Alison NicLeòid

Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig stèidhichte air prionnsabalan bogaidh.

Canar làn-bhogadh ris an ìre thràth de dh'ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig far nach eil cànan sam bith eile air a cleachdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' chlann a' cluinntinn agus a' gabhail a-steach Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd.

Anns an t-seisean seo bithear a' coimhead air na molaidhean agus na modhan-obrach as fheàrr a tha san aithisg [Comhairle air Foghlam Gàidhlig](#) (Foghlam Alba, 2015) agus a' toirt eisimpleirean air cuid de na tachartasan agus de na gnìomhan a bhios luchd-teagaisg a' cleachdadh gus seo a choileanadh.

Bidh fòcas glè làidir air èisteachd is còmhraidh agus air ionnsachadh tro churraicealam a tha stèidhichte air cluich.

# Co-bhùthan-obrach – Bun-sgoil & Àrd-sgoil

## 1. A' toirt taic do dh'oileanaich ASN sa chlas

An Dr Fiona Lyon agus Catriona Chaimbeul

Bidh a' bhùth-obrach phractaigeach seo a' coimhead air an Leabhar-taic ASN air-loidhne a bharrachd air a bhith a' cruthachadh liostaichean fhaclan le prògram bathar-bog.

Thèid coimhead air goireasan taic litearrachd agus gheibhear cunntas air a' phròiseact measadh leughaidh.

Thèid coimhead air gnothaichean practaigeach a thaobh a bhith a' toirt taic do sgoilearan air a bheil dyslexia – agus le sin do sgoilearan gu lèir!

## 2. Leughadh, sgrìobhadh agus ionnsachadh còmhla ri Ceitidh, Guth Coimpiutair Gàidhlig

### Pòl Nisbet

Sa bhùth-obrach seo ionnsaichidh tu mar a chleachdas tu Ceitidh, a' chiad ghuth coimpiutair sa Ghàidhlig, airson oileanaich FMG a chuideachadh.

Tha leughadairean coimpiutair nam buannachd mhòr, gu h-àraidh do dh'oileanaich le duilgheadasan litearrachd agus ASN, ach faodaidh a h-uile oileanach ann am FMG teacsa-gu-cainnt a chur gu feum ann a bhith a' dearbh-leughadh agus a' toirt piseach air an sgrìobhadh aca. Gheibh sinn a-mach mar a leughas sinn teacsa bhon eadar-lìon, bho leabhraichean agus bho mheasaidhean (mar eisimpleir, ann an Teisteanasan Nàiseanta Litearrachd far nach fhaod daoine leughadh a mheasadh, ach faodaidh Ceitidh) no ann an deuchainnean.

Ionnsaichidh sinn cuideachd mar a chleachdas sinn Ceitidh còmhla ri bathar-bog airson taic a chur ri sgrìobhadh, mar Clicker 6/7 agus Penfriend XL.

Gheibh sibh CD le bathar-bog a' ghuth an-asgaidh airson a chleachdadh aig an taigh agus anns an sgoil.

## 3. Comas air Obair agus Sgilean: Ag ullachadh airson saoghal na h-obrach

### Joan NicAoidh agus Maeve NicFhionghain, Foghlam Alba

Bidh compàirtichean a' toirt sùil air na cùisean air cùl a bhith ag ullachadh òigridh airson saoghal na h-obrach, agus a' phàirt a tha acasan ann a bhith a' coileanadh nam builean do chlann agus do dh'òigridh 3-18.

Bidh fiosrachadh ann air an adhartas gu ruige seo agus thèid beachdachadh air na planaichean airson nam bliadhnaichean ri teachd.

Bidh cothrom aig compàirtichean bruidhinn air an eòlas fhèin a thaobh a bhith ag ullachadh clann agus òigridh airson saoghal na h-obrach.

Bidh cothrom ann cuideachd smaoinichadh air gnìomhan ionnsachaidh co-cheangailte ri saoghal na h-obrach le fòcas sònraichte air Dreuchdan sa Ghàidhlig.

## 4. Am Frèam Leasachaidh Nàiseanta

### Maeve NicFhionghain agus Carol Copstick, Foghlam Alba

Bheir an seisean seo am fiosrachadh as ùire air a' Frèam Leasachaidh Nàiseanta agus thèid beachdachadh air a' bhuidhe a th' aige air Foghlam Gàidhlig.

Bidh cothrom aig compàirtichean bruidhinn air na prìomhachasan agus na sia raointean a chaidh a chomharrachadh sa Frèam Leasachaidh Nàiseanta.

## 5. Ionnsachadh co-obrachail

### Mark Jones agus Sophie Beavitt

Gheibh thu fiosrachadh air ionnsachadh co-obrachail mar dhòigh-teagaisg le structar air, ach a tha fhathast sùbailte.

Tha e a' gabhail a-steach fuasgladh cheistean, ionnsachadh tro labhairt, eadar-eisimeileachd dheimhinneach, cunntachalachd dhaoine fa leth agus cuideam air sgilean sòiseasalta agus acadaimigeach.

Bidh thu a' gabhail pàirt agus ag ionnsachadh tro innleachdan ionnsachaidh co-obrachail, agus gheibh thu a-mach mar a dh'fhaodas iad piseach a thoirt air èasgaidheachd nan oileanach, an dà chuid ann an clas luchd-ionnsachaidh agus ann an clas fhileantach.